

UHI | **NORTH, WEST AND HEBRIDES**
A TUATH, AN IAR IS INNSE GALL



Plana na Gàidhlig
2025 - 2030

CLÀR-INNSE

FACAL-TOISICH	3
SEALLADH FARSAING	3
RO-RÀDH	4
Ar dleastanasan	5
Ar prìomhachasan	6
Ar lèirsinn	7
1. PRÌOMHACHASAN RO-INNLEACHDAIL.....	12
Coimhearsnachd	12
Foghlam.....	14
Gnìomhachas & An Eaconamaidh	17
Na Meadhanan, Ealain, Cultar & Dualchas.....	18
2. AMASAN SEIRBHEISEAN CORPARRA	19
3. CEANGLAICHEAN RIS AN FHRÈAM-OBRACH COILEANADH NÀISEANTA.....	29
4. CEANGLAICHEAN RIS AN FHRÈAM-OBRACH IONADAIL AGUS ROINNEIL	29
5. FOILLSEACHADH	30
6. A' GOIREASACHADH A' PHLANA	30
7. A' SGRÙDADH A' PHLANA	31
8. AM PLANA GÀIDHLIG SAN ÙGHDARRAS PHOBLACH	31
Uallach lomlan airson a' Phlana	31
Uallach bho latha gu latha airson a' Phlana	31
Buidheann Buileachaidh is Sgrùdaidh a' Phlana Gàidhlig	32
A' conaltradh ri luchd-obrach.....	32
Buidhnean ar astar agus treas phàrtaidhean.....	32

Facal-Toisich

Mar Phrionnsabal agus Ceannard UHI a Tuath, an Iar is Innse Gall, tha e na thoileachas dhomh ar Plana Gàidhlig 2025-2030 fhoillseachadh.

Tha an dùmhachd as àirde de luchd-labhairt na Gàidhlig ann an Alba san roinn againn agus, mar aon de na solaraichean foghlaim treas ìre as motha san roinn agus mar chom-pàirtiche ann an Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean, tha sinn ag aithneachadh a' phàirt chudromach as urrainn dhuinn a chluich ann a bhith a' brosnachadh cudromachd na Gàidhlig chan ann a-mhàin mar phàirt de dhualchas cànan is cultarail ar coimhearsnachdan ach cuideachd mar dhraibhear fàs eaconamach is gnìomhachd.

Tha a' Ghàidhlig na prìomh raon sònraichte airson UHI a Tuath, an Iar is Innse Gall a tha sinn airson fàs. Mar sin, bidh am Plana Gàidhlig a' feuchainn ri ar tairgse curraicealaim a leudachadh le bhith a' daingneachadh raointean gnìomh ùra agus le bhith a' toirt taic do dh'fhàs ar curraicealam Gàidhlig anns na h-Eileanan Siar agus air feadh sgìrean ar colaiste,

agus mar sin a' cur gu mòr ri Plana Gàidhlig UHI agus an-ro-innleachd Gàidhlig airson na Gàidhealtachd 's nan Eilean.

Rè beatha ar Plana Gàidhlig, nì sinn ar dìcheall ìomhaigh agus inbhe na Gàidhlig àrdachadh nar colaiste. Obraichidh sinn gus ar dleasan a choileanadh do ar coimhearsnachd de luchd-ionnsachaidh agus co-obraichean, agus do na coimhearsnachdan san fharsaingeachd a tha sinn a' frithealadh. Feuchaidh sinn ri cur gu mòr ri coileanadh nan rùintean agus nan amasan a tha air am mìneachadh ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2023-28 agus ann an Achd na Gàidhlig (Alba) 2005



Lydia Rohmer
Prionnsabal agus Ceannard
UHI a Tuath, an Iar is Innse Gall

Sealladh Farsaing

Chaidh UHI a Tuath, an Iar is Innse Gall a stèidheachadh gu foirmeil air 1 Lùnastal 2023 às dèidh aonadh de 3 colaistean a bha ann ron seo, is iad sin UHI Innse Gall, UHI Taobh an Iar na Gàidhealtachd agus UHI Ceann a Tuath na Gàidhealtachd. Tha Plana Gàidhlig UHI a Tuath, an Iar is Innse Gall air ullachadh taobh a-staigh frèam-obrach Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Bidh am' Plana Gàidhlig a' ruith thairis air còig bliadhna bho 2025 gu 2030. Feuchaidh e ri togail air an adhartas a chaidh a dhèanamh taobh a-staigh phlanaichean a chaidh a chuir air adhart roimhe le UHI Innse Gall agus UHI Taobh an Iar na Gàidhealtachd agus feuchaidh e ri cleachdadh agus togail na Gàidhlig a bhrosnachadh air feadh na roinne air fad a bhios e a' frithealadh. Tha am Plana seo a' leantainn cruth Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2023-28, anns a bheil na ceithir cuspairean a leanas:

1. Coimhearsnachdan agus Dachaidh
2. Na Meadhanan, Ealain, Cultar agus Dualchas
3. Gnìomhachas agus an Eaconamaidh
4. Foghlam

Tha Bòrd na Gàidhlig agus UHI a Tuath, an Iar is Innse Gall air a bhith ag obair còmhla gus seata de Prìomhachasan Ro-innleachdail a thoirt gu buil airson leasachadh a' Phlana gus barrachd fàs a dhèanamh air cleachdadh na Gàidhlig agus ionnsachadh na Gàidhlig.

Tha na Prìomhachasan Ro-innleachdail a' cuimseachadh air mar a bheir UHI a Tuath, an Iar is Innse Gall air adhart amasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig. Tha iad sin stèidhichte air na h-amasan san fharsaingeachd ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus ar prìomh dhleasan mar cholaiste. Tha am Plana Gàidhlig seo a' toirt cunntas air mar a thèid gach aon de na Prìomhachasan Ro-innleachdail a lìbhrigeadh, agus a' comharrachadh nan gnìomhan a tha a dhìth.

Tha am Plana Gàidhlig cuideachd a' gabhail a-steach earrann air Amasan Seirbheis Corporra cuideachd anns a' Phlana Gàidhlig. Thèid iad sin a chleachdadh leis an amas prìomh sheirbheisean Gàidhlig a cho-òrdanachadh agus a dhèanamh àbhaisteach air feadh na colaiste rè beatha a' Phlana.

Ro-Ràdh

A rèir nam figearan as ùire bhon Oifis nan Staitistig Nàiseanta, b' e an àireamh sa cheud de dhaoine aois 3 agus nas sine le beagan sgilean Gàidhlig a b' àirde sna h-Eileanan Siar, le 61.2% den t-sluagh iomlan, agus b' e roinn na Gàidhealtachd le 7.4% an dàrna fear a b' àirde. Mar sin, tha a' cholaiste ag aithneachadh gu bheil a' Ghàidhlig bunaitich don fheallsanachd aice, don roinn a tha i a' frithealadh agus gu bheil i na carragh aig cridhe dualchas beairteach, dearbh-aithne nàiseanta agus beatha chultarail na h-Alba.

Tha UHI a Tuath, an Iar is Innse Gall mar cholaiste sgèile sgìreil air leth air feadh iar-thuath na Gàidhealtachd agus Innse Gall, le 9,000 oileanach agus 600 neach-obrach. Bheir UHI a Tuath, an Iar is Innse Gall, foghlam treas-ìre seasmhach, trèanadh sgilean, rannsachadh agus ùr-ghnàthachadh do choimhearsnachdan Loch Abar, Loch Aillse, Cataibh, Gallaibh agus Ros an Ear, An t-Eilean Sgitheanach, Na h-Eileanan a-staigh agus Innse Gall.

Tha làthaireachd fiosaigeach aig UHI a Tuath, an Iar is Innse Gall, taobh a-staigh 19 coimhearsnachdan sònraichte, gach fear a' frithealadh sgìre fharsaing ach le àireamh-sluaigh gann. Tha na coimhearsnachdan againn a' còmhachadh sgìre de 12,545 mìle²; (cha mhòr meud na Cuimrigh), agus 5,357 mìle (70%) de chosta na h-Alba. Tha sluagh de 125,716 ann an sgìre iomlan Loch Abar, an t-Eilean Sgitheanach, Innse Gall, Gallaibh, Cataibh, Taobh Sear Rois agus Taobh Siar Rois.



Tha UHI a Tuath, an Iar is Innse Gall, an-dràsta a' libhrigeadh raon de fhoghlam Gàidhlig ann am foghlam adhartach is àrd-ìre air-loidhne agus gu pearsanta, do dh' oileanaich taobh a-staigh na roinne agus air feadh Alba. Tha seo a' gabhail a-steach libhrigeadh phrògraman ceuma fo-cheum tro mheadhan na Gàidhlig, a bhith mar a' phrìomh cholaiste airson BAH Gàidhlig na h-Alba, a' tabhann clasaichean coimhearsnachd air-loidhne agus gu pearsanta air feadh nan eilean, cùrsaichean sònraichte air an leasachadh mar fhreagairt do fheumalachdan luchd-fastaidh agus clasaichean còmhnaidh air an leasachadh ann an co-obrachadh le buidhnean coimhearsnachd. Mar thaic a thoirt do sholar trèanaidh thidsearan FMG a tha a' sìor fhàs air feadh na roinne, tha UHI cuideachd a' libhrigeadh PGDE (slighean Beurla is Gàidhlig) agus tha iad nan com-pàirtichean libhrigidh air a' phrògram BA Gàidhlig le Foghlam.

Ar dleastanasan

Tha rannsachadh o chionn ghoirid air sealltainn gu bheil feum air cànan, cultar agus dualchas na Gàidhlig ath-bheothachadh agus a leasachadh ann an coimhearsnachdan ionadail leis a' Phlana Cànan Nàiseanta na Gàidhlig a' comharrachadh prìomh thaobhan eadar-cheangailte de leasachadh na Gàidhlig, a' mineachadh grunn phrìomh raointean gnìomh airson fàs a' chàin. Tha rannsachadh, a' gabhail a-steach rannsachadh làithreach air a stiùireadh le Institiud Saidheansan Cànan aig UHI, air sealltainn gu bheil barrachd cudrom air poileasaidh cànan coimhearsnachd riatanach airson ath-bheothachadh agus leasachadh na Gàidhlig. Mar sin, bidh am Plana Gàidhlig seo a' mineachadh mar a dh'obraicheas UHI a Tuath, an Iar is Innse Gall ann an com-pàirteachas le sgoiltean, coimhearsnachdan, prìomh luchd-ùidh agus colaistean com-pàirteachais UHI gus an ath-bheothachadh seo a ghluasad air adhart taobh a-staigh na roinne againn.

A thaobh ar Plana Gàidhlig 2025-2030 is e amas UHI a Tuath, an Iar is Innse Gall, taic a thoirt do bharrachd dhaoine a bhith ag ionnsachadh. a' leasachadh agus a' cleachdadh na Gàidhlig nam fèin-fhiosrachaidhean ionnsachaidh, nan coimhearsnachdan agus nam beatha-obrach. Tha sinn dealasach a thaobh leasachadh agus cleachdadh na Gàidhlig air feadh ar curraicealaim agus mar phàirt riatanach de na gnìomhan àite-obrach agus coimhearsnachd againn. Tro cho-obrachadh, cuiridh sinn raon de chothroman coimhearsnachd barrantaichte agus neo-fhoirmeil ri fhaotainn gus Gàidhlig ionnsachadh, sgilean a th' ann mar-thà a leasachadh agus na sgilean a tha a dhìth a thoirt seachad gus taic a thoirt do luchd-obrach agus fastaichean ann a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig san àite-obrach.

Gus ar ruigse a leudachadh, tha sinn dealasach mu bhith a' leasachadh agus a' lìbhrigeadh micro-creideasan Gàidhlig. Bidh na modalan obrach sin a tha cuimseachadh air a' Ghàidhlig co-theacsaichte gu na h-earrannan leis an iarrtas as motha, a' gabhail a-steach Tràth Fhoghlam agus Cùram Chloinne, agus Slàinte agus Cùram Sòisealta. Bidh micro-creideasan air an cur a-steach do phrògraman a tha a' leantainn air adhart gu clàradh proifeiseanta, agus le bhith a' cleachdadh ar dealas ann am peideagogachd didseatach, bidh sinn a' tabhann roghainn nas so-ruigsinneach do bharrachd oileanaich agus luchd-fastaidh.

Bidh Plana Gàidhlig 2025-2030 UHI a Tuath, an Iar is Innse Gall a' cur ri ar *Ro-innleachd Curraicealaim Treas Ìre 2025-2028*. Mar fhreagairt don Phlana Nàiseanta airson Eileanan na h-Alba, Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus Plana Gàidhlig UHI, leudaichidh agus neartaichidh sinn ar n-obair le prìomh chom-pàirtichean a' gabhail a-steach Bòrd na Gàidhlig, Comhairle nan Eilean Siar, Ceòlas Uibhist, Comhairle na Gàidhealtachd, colaistean eile taobh a-staigh UHI agus raon de chom-pàirtichean coimhearsnachd. Cuidichidh seo le bhith a' neartachadh ar prìomh àite ann a bhith a' leasachadh curraicealaim na Gàidhlig agus tro mheadhan na Gàidhlig air feadh na Gàidhealtachd agus Innse Gall.



Ar prìomhachasan

Tha a' Ghàidhlig air a comharrachadh mar raon fàis a' churraicealaim taobh a-staigh UHI a Tuath, an Iar is Innse Gall agus is iad na prìomh phrìomhachasan a leanas:

- + a cur air adhart na tha ri fhaotainn de dh'fhoghlam Gàidhlig air feadh Innse Gall, Loch Abar, An t-Eilean Sgitheanach, Taobh Siar Rois, Taobh Sear Rois, Gallaibh agus Cataibh.
- + taic a chur ri leasachadh sgilean cànan agus foghlaim tro bhith ag obair le buidhnean dualchais agus coimhearsnachd gus a' Ghàidhlig a dhìon agus a leasachadh mar so-mhaoin coimhearsnachd.
- + com-pàirteachasan a thogail, a' gabhail a-steach an fheadhainn le Bòrd na Gàidhlig, buidhnean coimhearsnachd agus Ceòlas air pròiseact Cnoc Soilleir gus cothroman a chruthachadh a leasaicheas gnìomhachd eadar-chuspaireil nas làidire eadar cànan, cultar agus dualchas na Gàidhlig agus solar chùrsaichean goirid barrantaichte anns na meadhanan Gàidhlig agus na gnìomhachasan cruthachail.
- + dèanamh cinnteach gu bheil ceangal air a dhèanamh eadar a' Ghàidhlig agus sgilean cosnadh, a' gabhail a-steach leasachadh agus cleachdadh micro-creideasan taobh a-staigh raon de phrògraman.
- + àrdachadh ann an clàradh air teisteanasan foghlaim thidsearan tro mheadhan na Gàidhlig gu sònraichte aig ìrean bun-sgoile ach cuideachd aig ìrean àrd-sgoile gus frithealadh air an iarrtas a th' ann an-dràsta agus san àm ri teachd taobh a-staigh sgoiltean na roinne againn.

Bidh prìomhachasan Leasachadh Churraicealaim mar a leanas:

- + àrdachadh sgilean luchd-teagaisg a th' ann mar-thà.
- + meudachadh sùbailteachd chùrsaichean fo-cheuma Foghlam Tòiseachaidh Luchd-teagaisg FMG.
- + taic a chur ri leasachadh agus lìbhrigeadh:

- + cùrsaichean cànan goirid air-loidhne agus gu pearsanta.
- + cùrsaichean didseatach ùra sa Ghàidhlig.
- + solar Gàidhlig leasaichte do phroifeiseantaich slàinte, tràth-bhliadhnaichean agus cùram-chloinne air feadh na roinne agus taobh a-staigh raointean prògraim leithid Turasachd is Aoigheachd agus Gnìomhachasan Cruthachail.



Prìomhachasan ro-innleachdail a chaidh aontachadh le Bòrd na Gàidhlig

Meudaich na cothroman airson cleachdadh na Gàidhlig le bhith:

- + ag obair le buidhnean poblach agus coimhearsnachdan faisg air làimh gus cothroman airson cleachdadh na Gàidhlig a mheudachadh air feadh nan Eileanan Siar, taobh tuath agus siar na Gàidhealtachd.
- + susbaint/libhrigeadh na Gàidhlig fhighe a-steach thar iomadh cuspair taobh a-staigh UHI a Tuath, an Iar is Innse Gall gus ceanglaichean eadar a' Ghàidhlig agus comas-cosnadh a neartachadh, le fòcas tùsail ga thoirt air Slàinte, Sòisealta & Cùram-chloinne agus Turasachd.
- + a' dèanamh cinnteach gu bheil planadh leasachadh bliadhnail ann an àite gus dèanamh cinnteach gu bheil an raon de chùrsaichean a tha air an libhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig air am meudachadh agus gu bheil libhrigeadh cùrsa air a mheas gu tric. Tha dealasan a thaobh clàran-ama air an gabhail a-steach sa phlana gnìomh a thaobh a' phrìomhachais seo.

Meudaich ionnsachadh na Gàidhlig le bhith:

- + a' leasachadh cùrsa tràth-bhliadhnaichean Gàidhlig an co-bhoinn le com-pàirtichean agus a' dèanamh cinnteach gum bi seo ruigsinneach aig a h-uile àrainn air feadh na colaiste mun bhliadhna acadaimigeach 2026/2027.
- + a' toirt taic do leasachadh cultar is dualchas mar mhaoin coimhearsnachd agus a' leasachadh prògram cunbhalach de dh'èolasan bogaidh stèidhichte sa choimhearsnachd.
- + ag obair ann an com-pàirteachas le Bòrd na Gàidhlig gus meudachadh ann am maoin eachadh a shireadh airson taic a thoirt do leudachadh sa chom-pàirteachadh shoirbheachail a tha air a bhith againn le e-Sgoil airson meudachadh ann an libhrigeadh Theisteanasan Nàiseanta sa Ghàidhlig air feadh Alba aig ìrean luchd-ionnsachaidh agus fileantaich.

Brosnaich ìomhaigh dheimhinneach den Ghàidhlig le bhith:

- + a' leasachadh agus a' brosnachadh eòlasan bogaidh Gàidhlig mar phàirt de eòlas nas fharsainghe nan oileanach aig UHI a Tuath, an Iar is Innse Gall.
- + a' leasachadh agus a' libhrigeadh foghlam agus trèanadh iar-cheumnach airson Oifigearan Leasachaidh Gàidhlig le fòcas air leasachadh ann an coimhearsnachdan frisgte.
- + a' leasachadh raon de dhòighean aithris gus soirbheachas agus buaidh a ghlacadh.

Ar lèirsinn

Togaidh UHI a Tuath, an Iar is Innse Gall air deagh chleachdadh stèidhichte gus cothroman ionnsachaidh cànan is cultar na Gàidhlig a leudachadh air feadh na roinne a tha a' cholaiste a' frithealadh. An dèidh dhuinn bunait a stèidheachadh airson taic a thoirt do thrèanadh teagaisg tro Mheadhan na Gàidhlig (FMG), feuchaidh sinn ri cur ris an t-solar seo le CPD Gàidhlig do luchd-teagaisg, a' toirt cothrom dhaibh teagasg tro mheadhan na Gàidhlig. An dèidh dhuinn am feum air dòigh-obrach iomlan a ghabhail a thaobh (FMG) a chomharrachadh, tha ar ro-innleachd airson an ath 5 bliadhna a' toirt a-steach trèanadh a leasachadh do luchd-obrach taice.

Tha UHI a Tuath, an Iar is Innse Gall aig cridhe nan coimhearsnachdan a tha i a' frithealadh, agus cumaidh a' cholaiste oirre a' comasachadh agus a' brosnachadh ionnsachadh is cleachdadh na Gàidhlig air feadh ar roinnean. Gabhaidh seo a-steach a bhith ag àrach feallsanachd Gàidhlig agus deagh bheachd a thaobh na Gàidhlig taobh a-staigh na buidhne fhèin.

Plana Gàidhlig UHI

2023-26

Tha Plana Gàidhlig UHI 2023-26 a' brosnachadh Gàidhlig thairis air com-pàirticheas acadaimigeach UHI. Chaidh gnìomhan a leasachadh ann an co-theacsa iomairt UHI Far a bheil ionnsachadh a' Ciallachadh Barrachd agus Plana Ro-innleachdail 2030 UHI. Tha ceanglaichean làidir eadar Plana Gàidhlig UHI a Tuath, an Iar is Innse Gall ris a' phlana seo agus obraichidh e gus cur ri a shoirbheachadh agus a chur ann an co-theacsa gus ar luachan agus ar giùlan fhèin, agus ar n-amasan agus ar cuimsean a choileanadh.

Tha sreath de gheallaidhean bunaiteach ann am Plana Gàidhlig UHI:

- ✚ A bhith a' neartachadh àite, faicsinneachd agus cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh prìomh ghnìomhachas UHI ann am foghlam agus rannsachadh, a' gabhail a-steach conaltradh ro-ghnìomhach le coimhearsnachdan a bhruidhneas Gàidhlig anns an sgìre obrachaidh againn.
- ✚ A bhith a' dèanamh cinnteach gum bi na dh'fhiosraicheas oileanaich a' daingneachadh a' phrionnsapail de dh'urram co-ionnan don Ghàidhlig is don Bheurla.
- ✚ Dearbhadh fèin-aithne dhà-chànanach UHI sna conaltraidhean corporra agus sa bhrannnd againn.
- ✚ A' brosnachadh agus a' toirt taic do gach neach-obrach, ge bith dè an dreuchd a th' aca, agus ge bith càite a bheil iad air am fastadh taobh a-staigh com-pàirteachas UHI, gus sgilean sa chànan Gàidhlig a mheas, ionnsachadh agus a leasachadh.

Tha na bun-ghealltanasan seo a' taobhadh ri ar lèirsinn, ar rùintean, luachan agus amasan ro-innleachdail.



UHI a Tuath, an Iar is Innse Gall: aithris ro-innleachdail, amasan agus cuimsean


'S e ar **lèirsinn** a bhith nar n-ionad acaireachd airson na sgìre – buidheann ionnsachaidh ceangailte, sùbailte agus seasmhach, a' fosgladh dhorsan gu saoghal de chothroman.

'S e ar **misean** Alba dhùthchail agus eileanach a cheangal, a' cur air bhog cothroman foghlaim is rannsachaidh sònraichte.

Tha ar **luachan** – earbsa, ionracas agus sàr-mhathas – aig cridhe ar frèam-obrach ro-innleachdail agus a' nochdadh mar a bhios sinn ag obair. Bidh sinn dàna, sùbailte agus co-obrachail nar giùlan.

'S iad na h-amasan ro-innleachdail againn:

- + A bhith nar buidheann aonaichte seasmhach a thaobh ionmhais.
- + An curraicealam fhàs, gu sònraichte a-steach do phrìomh raointean a tha a' ceangal ris an rannsachadh againn agus cothroman malairteach.
- + Rannsachadh agus iomlaid eòlais fhàs le bhith a' ceangal ar speisealachdan gnàthach agus gan leasachadh còmhla ri comas na roinne againn.
- + Sgiobaidhean leasachaidh gnìomhachais aonaichte agus freagairteach a bhith againn as urrainn freagairt gu h-èifeachdach agus gu rùnach do chothroman sgèile.
- + Eòlas nan oileanach a leasachadh le bhith a' ceangal ar làraichean, goireasan, coimhearsnachdan, agus prògraman ioma-àite.
- + Structaran sgioba seasmhach agus doimhneachd ghoireasan a bhith againn gus dèiligeadh ri prìomhachasan atharrachail, cothroman, agus duilgheadasan eaconamach.



Ro-innleachd Gàidhlig UHI a Tuath, an Iar is Innse Gall 2024-2029

Dh'aontaich ar Bòrd Stiùiridh ris an Ro-innleachd Gàidhlig 2024-2029 againn san Dùbhlachd 2024. Tha an ro-innleachd seo na phrìomh chomasaiche, a' toirt taic dhuinn gus ar lèirsinn, ar misean, agus ar luachan a thoirt gu buil, agus gus cur ri coileanadh ar n-amasan ro-innleachdail. Thàinig sinn chun cho-dhùnadh Ro-innleachd Gàidhlig a chruthachadh a thug fiosrachadh, neartachadh, agus com-pàirt do Ro-innleachd Curraicealaim Treas-Ire 2025-2028 againn agus a thug stiùireadh soilleir dhuinn airson ar Plana Gàidhlig 2025-2030. Chaidh cànan, cultar agus dualchas na Gàidhlig a chomharrachadh mar phrìomh raointean fàis churraicealaim taobh a-staigh ar Ro-innleachd Churraicealaim Treas ire 2025-2028.

Tha ar Ro-innleachd Gàidhlig 2024-2029 a' mìneachadh ar dòigh-obrach a thaobh leasachadh agus libhrigeadh ghnìomhachdan cànan, dualchais agus cultar na Gàidhlig thar nan còig bliadhna a tha romhainn. Tha e a' mìneachadh raointean prìomhachais ro-innleachdail còmhla ris na prìomh amasan aca, agus na targaidean an aghaidh an tèid ar n-adhartas a thomhas. Thèid na h-amasan agus na tùs-amasan ro-innleachdail seo a libhrigeadh tro ar Plana Gàidhlig 2025-30.

Tha trì colbhan ro-innleachdail nar Ro-innleachd Gàidhlig 2024-2029:

1. Coimhearsnachd agus Dualchas:

- + Ionnsachadh agus cleachdadh na Gàidhlig a leudachadh air feadh na roinne agus gu didseatach;
- + Taic a thoirt do leasachadh cultar agus dualchas mar mhaoin coimhearsnachd.

(air a libhrigeadh tro ar Plana Gàidhlig 2025-2030: Cuspair 1 – Coimhearsnachd, agus cuspair 4 – Na Meadhanan, Ealain agus Cultar)

2. Curraicealam agus Rannsachadh:

- + Ceanglaichean eadar a' Ghàidhlig agus comas cosnadh a leasachadh agus a neartachadh;
- + Taic agus brosnachadh a thoirt do luchd-labhairt falaichte/inbhich a tha a' tilleadh gu fileantachd;
- + Ionnsachadh agus cleachdadh na Gàidhlig a leudachadh air feadh na sgìre agus gu didseatach.

(air a libhrigeadh tro ar Plana Gàidhlig 2025-2030: Cuspair 2 - Foghlam)

3. Eaconamaidh na Gàidhlig:

- + Taic a thoirt do leasachadh na Gàidhlig agus a cultar mar mhaoin eaconamach;
- + Ceanglaichean eadar a' Ghàidhlig agus comas cosnadh a leasachadh agus a neartachadh.

(air a libhrigeadh tro ar Plana Gàidhlig 2025-2030: Cuspair 3 – Gnìomhachas agus an Eaconamaidh)

Achd nan Cànanan Albannach 2025

Fhuair Achd nan Cànanan Albannach 2025 Aonta Rìoghail air 31 Iuchar 2025, a' toirt taic do Ghàidhlig agus Albais agus a' dèanamh solar mu fhoghlam a thaobh na Gàidhlig agus Albais. Ged nach robh am mion-fhiosrachadh a bha san Achd seo ri fhaighinn san riochd dheireannach aca rè leasachadh agus co-chomhairleachadh ar Ro-innleachd Gàidhlig 2024-2029 agus Plana na Gàidhlig 2025-2030, bha buaidh mhòr aig na solarachaidhean a bha anns a' Bhile Chànanan Albannach, mar a chaidh a thoirt a-steach san t-Samhain 2023, air leasachadh ar ro-innleachd agus ar Plana.

Tha an Achd a' toirt seachad inbhe oifigeil agus solarachaidhean taice do chànanan na Gàidhlig agus Albais ann an Alba. Tha e a' dèanamh ullachaidhean sònraichte a thaobh foghlam, trèanadh agus ainmeachadh Sgìrean de Chudromachd Chànanach.

Tha UHI a Tuath, an Iar is Innse Gall dealasach a thaobh nan ullachaidhean a tha san Achd agus a thaobh a bhith ag obair còmhla ri ar com-pàirtichean, a' gabhail a-steach Comhairle nan Eilean Siar, Comhairle na Gàidhealtachd agus Bòrd na Gàidhlig, ann an ainmeachadh Sgìrean de Chudromachd Chànanach air feadh ar roinn obrachaidh. Tha sinn dealasach a thaobh taic a thoirt do dh'obair comasachd a thaobh solar Sgoiltean Gàidhlig, agus a bhith a' toirt taic do fheumalachdan ar coimhearsnachdan agus iad a' gabhail seilbh air, agus uallach airson, leasachadh na Gàidhlig.

Obair com-pàirteachais

Gus na h-amasan agus na tùs-amasan a tha taobh a-staigh ar Ro-innleachd Gàidhlig 2024-2029, na gnìomhan a tha sa Phlana Gàidhlig 2025-2030 agus na h-uallaichean a tha oirnn ann an Achd nan Cànanan Albannach 2025 a choileanadh, tha obair com-pàirteachasan deatamach airson ar soirbheachas. Nì sinn tuilleadh leudachaidh air ar com-pàirteachasan stèidhichte le Bòrd na Gàidhlig, Comhairle nan Eilean Siar, Comhairle na Gàidhealtachd, Sabhal Mòr Ostaig, Ceòlas, raon a tha a' sìor fhàs de bhuidhnean coimhearsnachd, agus tha sinn a' sireadh com-pàirteachasan ùra a leasachadh.

Cumaidh sinn oirnn a' togail ar tairgse ciùil, cultar agus dualchais ann an com-pàirteachas le Ceòlas ann an Cnoc Soilleir. Tha sinn dealasach a thaobh ar com-pàirteachas soirbheachail le e-Sgoil a leasachadh, a' cleachdadh a' mhaoineachaidh a th' againn mar-thà agus a' sireadh maoineachadh ùr gus ar tairgse de Theisteanasan Nàiseanta ann an Gàidhlig a leudachadh aig ìrean ionnsachaidh agus fileantachd do dhaoine òga agus inbhich air feadh Alba. Gus seo a choileanadh, obraichidh sinn ann an riochd co-obrachaidh le Bòrd na Gàidhlig agus com-pàirtichean cudromach eile gus maoineachadh a bharrachd iarraidh bho Riaghaltas na h-Alba, Comhairle Maoineachaidh na h-Alba agus raon de shruthan teachd-a-steach eile a dh'fhaodadh a bhith ann.

Tha ar dàimh le Bòrd na Gàidhlig aig cridhe ar n-amasan agus ar targaidean a thoirt gu buil agus tha sinn dealasach a thaobh a bhith ag obair gu dlùth còmhla gus na h-amasan agus na targaidean a chaidh aontachadh a leasachadh agus a sgrùdadh, agus gus ar gnìomhan a thoirt air adhart a thaobh Achd nan Cànanan Albannach 2025. Bidh sinn a' sireadh chothroman gus co-obrachadh le Bòrd na Gàidhlig gus adhartas a lìbhrigeadh agus a sgrùdadh air prìomhachasan co-roinnte, a' gabhail a-steach leasachadh agus lìbhrigeadh foghlam is trèanadh iar-cheumnach gus taic a thoirt do dhreuchdan Oifigear Leasachaidh na Gàidhlig air feadh Alba, agus ann an leasachadh an ro-innleachd nàiseanta ionnsachaidh inbheach agus am plana corporra.

Is iad na h-oileanaich againn agus na coimhearsnachdan a tha sinn a' frithealadh na com-pàirtichean as cudromaiche a tha againn. Chaidh ar Ro-innleachd Gàidhlig 2024-2029 agus Plana na Gàidhlig 2025-2030 a leasachadh ann an co-chomhairle ris na com-pàirtichean againn uile.

1. PRÌOMHACHASAN RO-INNLEACHDAIL

Coimhearsnachd

Prìomhachas Ro-innleachdail 1	Leudachadh ionnsachadh agus cleachdadh na Gàidhlig agus taic a thoirt do leasachadh cultar is dualchas mar mhaoin coimhearsnachd					
Buil a thathar a’ miannachadh	Clasaichean cànan a libhrigeadh gu co-dhiù 100 oileanach ann an co-dhiù ceithir coimhearsnachdan fa leth. Prògram cunbhalach de dh'eòlasan bogaidh stèidhichte sa choimhearsnachd a leasachadh.					
Cleachdadh làithreach	Tha raon de chùrsaichean goirid FE air an tabhann tro mhodhan libhrigidh sùbailte. Tha cothrom air ionnsachadh na Gàidhlig air a thighinn air adhart thar beatha a’ phlana làithreach tro leudachadh air solar air-loidhne; Tha Gàidhlig air a libhrigeadh mar aonad roghainneil taobh a-staigh chùrsaichean slàinte; Tha a’ Ghàidhlig cuideachd air a bhith na pàirt den CPD againn do luchd-obrach UHI a Tuath, an Iar is Innse Gall; Luchd-ùirdh Gàidhlig – me CnES agus NHS nan Eilean Siar; Togail mothachadh air cànan is cultar na Gàidhlig ann am prìomh choimhearsnachdan Gàidhlig.					
Gnìomhan a tha a dhìth	Ceann-latha targaid					Uallach
	2025/26	2026/27	2027/28	2028/29	2029/30	
Cleachd eòlas choimhearsnachdan traidiseanta na Gàidhlig sna gnìomhan agus na prògraman againn, a’ gabhail a-steach eòlasan bogaidh stèidhichte sa choimhearsnachd. Thèid co-dhiù aon Sgoil Ràitheil stèidhichte sa choimhearsnachd a libhrigeadh taobh a-staigh gach bliadhna sgoile rè beatha a’ Phlana.		✓	✓	✓	✓	Sgioba Curraicealam na Gàidhlig Sgioba Margaidheachd & Conaltraidh
Co-obrach le buidhnean coimhearsnachd gus solar cànan coimhearsnachd a ghealltainn.		✓	✓	✓	✓	Sgioba Curraicealam na Gàidhlig

Dèan frithealadh air feumalachdan diaspora na Gàidhlig, le bhith a' dol an sàs le prìomh bhuidhnean coimhearsnachd mar Urras Dualchais An Taobh Tuath, Ceòlas, Comainn Eachdraidh, CnES agus Visit Scotland. Bidh seo a' gabhail a-steach ballrachd de Lionra nan Oifigearan Gàidhlig. Leudaichidh sinn cuideachd ar prògraman air-loidhne de chànan, cultar agus dualchas. Bidh cùrsaichean air-loidhne air an tabhann rè gach semeastar de gach AY ann am beatha a' Phlana.	✓	✓	✓	✓	✓	Co-òrdanaich Cùrsa Goirid Oifigear Gàidhlig Sgioba Curraicealam na Gàidhlig Stiùirichean Iomairt is Com-pàirteachas
Meudaich chleachdadh na Gàidhlig sa choimhearsnachd ann an suidheachaidhean neo-fhoirmeil le bhith a' dèanamh tuilleadh leasachaidh air ar sgeama comhairleachaidh agus seiseanan còmhraidh. Bidh a' cholaist a' dol an sàs gu riaghailteach le prìomh bhuidhnean coimhearsnachd mar Urras Dualchais An Taobh Tuath, Ceòlas agus Comainn Eachdraidh, CnES agus NHS nan Eilean Siar/Na Gàidhealtachd. Bidh a' cholaist a' dol an sàs ann am ballrachd de Lionra nan Oifigearan Gàidhlig.		✓	✓	✓	✓	Co-òrdanaich Cùrsa Goirid Oifigear Gàidhlig Stiùirichean Iomairt is Com-pàirteachas Sgioba Curraicealam na Gàidhlig Sgioba Margaidheachd & Conaltraidh
Pasganan fàilte a leasachadh do luchd-còmhnaidh ùra na roinne.			✓			Sgioba Curraicealam na Gàidhlig Sgioba Margaidheachd & Conaltraidh Stiùirichean Iomairt is Com-pàirteachas
Co-obrach le Bòrd na Gàidhlig gus an ro-innleachd ionnsachaidh Nàiseanta airson inbich a leasachadh.		✓	✓	✓	✓	Bòrd na Gàidhlig Manaidsear Curraicealam/ Ceannard an Fhacalaidh/ Stiùiriche Curraicealam Sgioba Curraicealam na Gàidhlig

Foghlam

Prìomhachas Ro-innleachdail 2		Leasaich agus neartaich ceanglaichean eadar a’ Ghàidhlig agus comas-cosnaidh agus cuir taic ri agus broснаich luchd-labhairt le tuigse/inbhich a thilleas gu fileantachd				
Buil a thathar ag iarraidh		Barrachd gabhail ri cothroman CPD sa Ghàidhlig aig UHI a Tuath, an Iar is Innse Gall, agus luchd-ùidh is com-pàirtichean eile; Prògram de mhicro-theisteanasan a leasachadh do roinnean gnìomhachais, turasachd, slàinte is cùram sòisealta; Trèanadh a libhrigeadh do luchd-obrach taiceil FTG; Barrachd gabhail ri àiteachan air cùrsaichean trèanaidh thidsearan Gàidhlig; Cùrsaichean togail comas a thabhann do luchd-teagaisg gus gluasad a-steach do FTG; Gàidhlig a thoirt a-steach do fhrèaman-obrach chùrsaichean.				
Cleachdadh làithreach		Tha CPD sa Ghàidhlig air a bhith ri fhaotainn taobh a-staigh UHI a Tuath, an Iar is Innse Gall, agus do luchd-ùidh is com-pàirtichean eile, agus bhiodh seo na bhuannachd nam biodh barrachd co-òrdanachaidh is adhartachaidh ann; Tha beagan trèanaidh air a bhith ann do ghnìomhachasan is ghnòthachasan ionadail, agus faodar seo àrdachadh agus tuilleadh leasachaidh a dhèanamh. Chan eil fòcas trèanadh FTG air a bhith a’ toirt a-steach dreuchdan luchd-obrach taice is cuideachaidh, far a bheil cothrom ann trèanadh a leasachadh a neartaicheadh solar FTG gu lèir; Libhrigeadh chùrsaichean FTG Foghlaim Àrd-ìre; Gàidhlig air a tabhann mar aonad roghainneil neo-chreidsaichte ann an àireamh chuingealaichte de phrògraman.				
Gnìomhan a tha a dhìth		Ceann-latha targaid				Uallach
		2025/26	2026/27	2027/28	2028/29	2029/30
Sreath de chùrsaichean Gàidhlig a libhrigeadh do phàrantan chloinne ann am FTG, bho luchd-tòiseachaidh gu fileantaich. Ri bhith air a libhrigeadh gach semeastar de gach AY rè beatha a’ Phlana.		✓	✓	✓	✓	✓
						Sgioba Curraicealam na Gàidhlig Sgioba Margaidheachd & Conaltraidh

Cuir air adhart prògram co-òrdanaichte de chùrsaichean cànan CPD gu luchd-obrach UHI a Tuath, an Iar is Innse Gall buill a' Bhùird agus luchd-ùidh is com-pàirtichean eile.	✓	✓	✓	✓	✓	Sgioba Curraicealam na Gàidhlig Sgioba Margaidheachd & Conaltraidh Oifigear Leasachaidh Luchd-obrach Sgioba HR
Cruthaich prògram co-òrdanaichte de chùrsaichean goirid agus cothroman trèanaidh aon-latha/leth-latha airson gnothachas. Bidh an trèanadh a' gabhail a-steach ionnsachadh cànan, trèanadh cultar agus dualchais (ainmean-àite ionadail msaa) agus Gàidhlig mar dhòigh air luach a bharrachd a chur ris. Thoir seachad co-dhiù dà thachartas mar sin gach bliadhna rè beatha a' Phlana.		✓				Sgioba Curraicealam na Gàidhlig Stiùirichean Iomairt & Com-pàirteachas Stiùiriche Ionmhais
Leasaich sgilean Gàidhlig an co-bhoinn ri sgilean Gnothachais, Ceannardais agus Stiùiridh.			✓			Sgioba Curraicealam na Gàidhlig Manaidsear Curraicealam Gnothachais Stiùirichean Iomairt is Com-pàirteachas
Leasaich cùrsaichean trèanaidh do luchd-obrach taiceil FTG mar Gàidhlig airson Tràth Bhliadhaichean agus Riaghladh Caimnte.			✓			Sgioba Curraicealam na Gàidhlig
Cùrsaichean trèanaidh thidsearan a thabhann nas sùbailte, a' gabhail a-steach lìbhrigeadh pàirt-ùine is feasgair.			✓	✓	✓	Sgioba Curraicealam na Gàidhlig
Ceuman tro mheadhan na Gàidhlig a thabhann nas sùbailte, a' gabhail a-steach lìbhrigeadh pàirt-ùine is feasgair.			✓	✓	✓	Sgioba Curraicealam na Gàidhlig
Cùrsaichean togail-comais a leasachadh gus leigeil le luchd-teagaisg a th' ann mar-thà FTG a leasachadh le bhith a' leasachadh agus a' lìbhrigeadh modalan SCQF 7 airson luchd-ionnsachaidh air-loidhne.				✓	✓	Sgioba Curraicealam na Gàidhlig
Ceangal a dhèanamh le sgioba na leabharlainn gus dèanamh cinnteach gu bheil cruinneachaidhean a' toirt taic don churraicealam agus don tairgse coimhearsnachd.	✓	✓	✓	✓	✓	Sgioba Curraicealam na Gàidhlig Sgioba Goireasan Ionnsachaidh is Fiosrachaidh

Gàidhlig air a togail a-steach do 2 phrògram iomchaidh me turasachd is aoigheachd, slàinte is cùram sòisealta.				✓	✓	✓	✓	Manaidsearan Curraicealaim / Ceannardan Facaltaidh Stiùiriche Curraicealaim Sgioba Curraicealaim na Gàidhlig Sgiobaidhean teagaisg iomchaidh
Ann an com-pàirteachas le Bòrd na Gàidhlig leasaich agus libhrig foghlam agus trèanadh iar-cheumnach gus taic a thoirt do dhreuchdan Oifigearan Leasachaidh na Gàidhlig thar Alba.			✓	✓	✓	✓	✓	Bòrd na Gàidhlig Manaidsear Curraicealaim / Ceannard Facaltaidh/ Stiùiriche Curraicealaim Sgioba Curraicealaim na Gàidhlig
Ann an com-pàirteachas le Bòrd na Gàidhlig lorg tuilleadh maoinachaidh airson libhrigeadh E-sgoil a leudachadh de Theisteanasan Nàiseanta sa Gàidhlig thar Alba.			✓	✓	✓	✓	✓	Bòrd na Gàidhlig CnES e-Sgoil Manaidsear Curraicealaim / Ceannard Facaltaidh/ Stiùiriche Curraicealaim Sgioba Curraicealaim na Gàidhlig

Gnothachas & An Eaconamaidh

Prìomhachas Ro-innleachdail 3		Thoir taic do leasachadh cànan is cultar na Gàidhlig mar so-mhaoin eaconamach agus leasaich tuilleadh cheanglaichean eadar Gàidhlig agus so-fhastachd					
Buil a thathar ag iarraidh		Stèidhich buidheann seirbheisean cultarail, a’ tabhann seirbheis eadar-theangachaidh coimeirsealta/ath-sgrìobhaidh; Eadar-theangachadh de fìosan-naidheachd, puist meadhanan sòisealta agus stuth làrach-lìn UHI a Tuath, an Iar is Innse Gall air an lìbhrigeadh taobh a-staigh na buidhne; Lìbhrig co-dhiù dà thachartas coimeirsealta gach bliadhna mar cùrsa cànan is cultar leth-là/là slàn;					
Cleachdadh làithreach		Bha buidheann seirbheisean cultarail aig UHI Innse Gall roimhe seo, ach sguir iad de bhith ag obair ann an 2011. Tha conaltradh a-staigh air eadar-theangachadh gu h-oifigeil air stèidh ad hoc, no air a thoirt do bhuidhnean eile. Tha UHI Innse Gall a’ toirt seachad beagan trèanaidh cànan/cultair do bhuidhnean, ghnìomhachasan agus ghnìomhachasan ionadail, ach bhiodh seo na bhuannachd bho leasachadh agus co-òrdanachadh a bharrachd.					
Gnìomh a dh’fheumar		Ceann-latha targaid					Uallach
		2025/26	2026/27	2027/28	2028/29	2029/30	
Lorg sruthan maoineachaidh iomchaidh le bhith a’ dol an sàs le luchd-ùidh mar HIE.			✓				Stiùiriche Iomairt is Com-pàirteachas Sgioba Curraicealam na Gàidhlig Stiùiriche an Ionmhais
Stèidhich bunait luchd-ceannach/ceanglaichean gnìomhachais le bhith a’ dol an sàs le buidhnean coimhearsnachd, gnothachasan ionadail mar Comainn Eachdraidh, gnìomhachas aoigheachd, Visit Scotland, CnES, Comhairle na Gàidhealtachd, NHS Eilean Siar/Na Gàidhealtachd, HIE agus SDS.				✓	✓	✓	Stiùiriche Iomairt is Com-pàirteachas Sgioba Margaidheadh is Conaltraidh Sgioba Curraicealam na Gàidhlig
Barrachd lìonraidh taobh a-staigh coimhearsnachd na Gàidhlig/gnothachas gus cothroman malairteach a stèidheachadh.			✓	✓	✓	✓	Stiùirichean Iomairt is Com-pàirteachas Sgioba Curraicealam na Gàidhlig Stiùiriche an Ionmhais
Leasaich raon de fhèin-fhiosrachaidhean cànan, cultair & dualchais airson a’ mhargaidh turasachd.			✓	✓	✓	✓	Sgioba Curraicealam na Gàidhlig
Leasaich raon de thrèanadh cànan, cultair is dualchais airson luchd-treòrachaidh turais proifeasanta.			✓	✓	✓	✓	Sgioba Curraicealam na Gàidhlig

Na Meadhanan, Na h-Ealain, Cultar & Dualchas

Prìomhachas Ro-innleachdail 4	Thoir taic do leasachadh cànan is cultar na Gàidhlig mar so-mhaoin eaconamach agus dèan tuilleadh leasachaidh air ceanglaichean eadar a' Ghàidhlig is comas-obrach				
Buil a thathar ag iarraidh	Cùrsaichean goirid a libhrigeadh ann an sgrìobhadh cruthachail sa Gàidhlig, a' gabhail a-steach sgrìobhadh-sgrìn. Leasaich prògram bliadhnail de chòmhraidhean is òraidean de chultar & dualchas sa Gàidhlig.				
Cleachdadh làithreach	Aig an àm a tha an làthair tha sgrìobhadh cruthachail UHI a Tuath, an Iar is Innse Gall air a libhrigeadh sa Bheurla. Libhrigeadh còmhraidhean is òraidean air cultar is dualchas sa Gàidhlig.				
Gnìomhan a tha a dhìth	Ceann-latha targaid				Uallach
	2025/26	2026/27	2027/28	2028/29	2029/30
LeaBsaich cùrsaichean goirid ann an sgrìobhadh cruthachail Gàidhlig, me rosg, sgrìobhadh sgrìon, bàrdachd, susbaint eadar-lìon agus sgrìobhadh airson luchd-amais sònraichte.			✓		Sgioba Curraicealam na Gàidhlig Manaidsearan Curraicealam / Ceannardan Facaltaidh/Stiùiriche Curraicealam is Fèin-fhiosrachadh Oileanach Ceannard Ionmhais Stiùiriche Iomairt is Com-pàirteachas
Thèid an sàs le buidhnean coimhearsnachd is luchd-ùidh mar Comainn Eachdraidh, Fèisean nan Gàidheal agus Ceòlas gus geallaidhean a dhèanamh nas fhasa ann am Planaichean Coimhearsnachd Gàidhlig a thaobh solar cùrsa ann an cànan, cultar agus dualchas. Bidh an dol an sàs seo a' gabhail a-steach ballrachd de Lionra nan Oifigearan Gàidhlig.		✓	✓	✓	Sgioba Curraicealam na Gàidhlig Manaidsearan Curraicealam / Ceannardan Facaltaidh/Stiùiriche Curraicealam is Fèin-fhiosrachadh Oileanach Stiùiriche Iomairt is Com-pàirteachas

2. AMASAN SEIRBHEISEAN CORPORRA

INBHE

Buil a thathar ag iarraidh	Suaicheantas agus brannd Dèan an suaicheantas agus branndadh corporra an dà chuid sa Ghàidhlig agus sa Bheurla aig a' chiad chothrom agus mar phàirt de phròiseas ùrachaidh sam bith. Bu chòir don t-suaicheantas a bhith a' nochdadh follaiseachd cho-ionnan airson an dà chànan.
Cleachdadh làithreach	Tha an suaicheantas agus brannd air an taisbeanadh gu dà-chànanach.
Gnìomhan a tha a dhìth	Gabhaidh sinn ri suaicheantas corporra dà-chànanach agus branndadh a bheir làimhseachadh co-ionnan don Ghàidhlig is don Bheurla.
Ceann-latha targaid	2025
Uallach	Sgioba Margaidheachd is Conaltraidh

Buil a thathar ag iarraidh	Soidhnichean Bidh na soidhnichean a' gabhail a-steach Gàidhlig is Beurla mar phàirt de phròiseas ùrachaidh sam bith.
Cleachdadh làithreach	Bidh soidhnichean ùra a bhithear a' cur suas uile dà-chànanach, gu h-àraidh anns na sgìrean far a bheil a' Ghàidhlig ga bruidhinn gu traidiseanta.
Gnìomhan a tha a dhìth	Cuiridh sinn soidhnichean dà-chànanach an àite soidhnichean neo-dhà-chànanach air feadh champasan UHI a Tuath, an Iar is Innse Gall. Bidh soidhnichean cudromach uile ann an àiteachan àrd-ìomhaigh ann an togalaichean gu tur dà-chànanach, a' toirt prìomhachas do àiteachan àrd-ìomhaigh. Tha 'àite àrd-ìomhaigh' a' ciallachadh sa chiad dol a-mach soidhnichean poblach, agus san dàrna suidheachadh soidhnichean airson oileanaich agus luchd-obrach (me gnìomhan seòmair agus luchd-còmhnaidh, soidhnichean stiùiridh, goireasan poblach). Ann an àiteachan far a bheil soidhnichean dà-chànanach air an deagh stèidheachadh, thèid aire a thoirt do bhith a' cruthachadh banca de shoidhnichean sealach, leithid 'Coinneamh a' dol air adhart', 'Agallamh a' dol air adhart' msaa. Bidh seo ri fhaighinn do luchd-obrach UHI a Tuath, an Iar is Innse Gall gu lèir tro ionad meadhanaichte.
Ceann-latha targaid	2025 agus o sin a-mach
Uallach	Oighreachdan Sgioba Margaidheachd & Conaltraidh

Buil a thathar ag iarraidh	Adhartachadh Tha fiosan posataibh gu bheil conaltradh bhon phoball sa Ghàidhlig an-còmhnaidh air fhàilteachadh is air an ath-innse gu riaghailteach.
Cleachdadh làithreach	Tha cùrsaichean is tachartasan Gàidhlig air an adhartachadh gu dà-chànanach. Tha cuid de stuthan sanasachd coitcheann dà-chànanach. Bithear a' cleachdadh agus a' taisbeanadh 'Cleachd i'.
Gnìomhan a tha a dhìth	Lean air adhart a' dèanamh cinnteach gu bheil cùrsaichean agus tachartasan Gàidhlig air an adhartachadh gu dà-chànanach. Dèan cinnteach gu bheil e co-chòrdail ri Ro-innleachd Margaidheachd & Conaltraidh UHI a Tuath, an Iar is Innse Gall. Meudaich faicsinneachd stuthan brosnachaidh dà-chànanach air feadh nan àrainnean uile. Bidh stuthan adhartachaidh airson chùrsaichean tro mheadhan na Beurla a' toirt iomradh air cudromachd na Gàidhlig taobh a-staigh UHI a Tuath, an Iar is Innse Gall. Dèan cinnteach gu bheil briathrachas Gàidhlig anns a h-uile stuth adhartachaidh coitcheann. Thoir seachad bràistean luchd-tadhail dà-chànanach aig gach àrainn UHI a Tuath, an Iar is Innse Gall.
Ceann-latha targaid	2025 agus air adhart
Uallach	Margaidheachd & Conaltradh Sgioba Fiosrachaidh

Buil a thathar ag iarraidh	Conaltradh Sgrìobhte Bithear an-còmhnaidh a' gabhail ri conaltradh sgrìobhte sa Ghàidhlig (post, post-d agus meadhanan sòisealta) agus thèid freagairtean a thoirt seachad sa Ghàidhlig a rèir a' phoileasaidh choitcheann.
Cleachdadh làithreach	Bhiodh conaltradh sam bith a thig chun na h-oifis choitcheann air a chur air adhart gu luchd-obrach na Gàidhlig.
Gnìomhan a tha a dhìth	Cruthaich freagairt pro forma a dh'fhaodar a chleachdadh gus aithne a thoirt don h-uile conaltradh sa Ghàidhlig mus tèid freagairt slàn a thoirt seachad. Stiùireadh do bhuill luchd-obrach a bhruidhneas a' Ghàidhlig. Comharraich riatanasan trèanaidh luchd-obrach air an loidhne aghaidh a tha air an comharrachadh gu sònraichte mar Gàidhlig ion-mhiannaichte. Comharraich dreuchdan a dh'fhaodar ath-ainmeachadh mar Ghàidhlig riatanach.
Ceann-latha targaid	2025 agus air adhart
Uallach	Oifigear Gàidhlig Sgioba Fiosrachaidh Oifigear Leasachaidh Proifeiseantachd

Buil a thathar ag iarraidh	Fàilteachas is fòn Far an urrainn do luchd-obrach le Gàidhlig an t-seirbheis seo a thoirt seachad, gheibh iad taic gus sin a dhèanamh, agus thèid an t-seirbheis a bhrosnachadh don phoball. Mur eil luchd-obrach ann airson seo a lìbhrigeadh, thèid comas a thogail tro thrèanadh is fastadh.
Cleachdadh làithreach	Far a bheil e comasach, thèid fàilte a chur air luchd-gairm chun na Fàilte sa Ghàidhlig. Freagraidh luchd-obrach le Gàidhlig an loidhnichean dìreach sa Ghàidhlig.
Gnìomhan a tha a dhìth	Bheir sinn trèanadh do luchd-obrach aghaidh an taighe gu lèir gus an sgilean Gàidhlig a leasachadh agus, nuair a dh'èireas an cothrom, feuchaidh sinn ri luchd-obrach le sgilean Gàidhlig fhastadh. Thèid luchd-obrach aghaidh an taighe a thrèanadh gus am fòn a fhreagairt le fàilte Ghàidhlig bunaiteach. Comharraich feumalachdan trèanaidh luchd-obrach aghaidh a tha air an comharrachadh gu sònraichte mar Gàidhlig ion-mhiannaichte. Comharraich dreuchdan a dh'fhaodar ath-ainmeachadh mar Gàidhlig riatanach.
Ceann-latha targaid	2025 agus air adhart
Uallach	Sgioba Cèasnachaidh Oifigear Leasachaidh Proifeiseantachd Sgioba HR Oifigear Gàidhlig

Buil a thathar ag iarraidh	Coinneamhan poblach Thathar a' sgrùdadh agus a' brosnachadh chothroman coinneamhan poblach a chumail gu dà-chànanach no sa Ghàidhlig gu cunbhalach.
Cleachdadh làithreach	Bithear a' lìbhrigeadh tachartasan le cuspair Gàidhlig gu tur sa Ghàidhlig no gu dà-chànanach.
Gnìomhan a tha a dhìth	Bidh eadar-theangachadh mar-aon ri fhaotainn aig coinneamhan a thaobh chùisean Gàidhlig agus aig tachartasan àrd-ìomhaigh, far a bheil sin comasach.
Ceann-latha targaid	2025 agus air adhart
Uallach	Sgioba Curraicealam na Gàidhlig Margaidheachd & Conaltradh

FIOSRACHADH

Buil a thathar ag iarraidh	Fiosan naidheachd Tha fiosan naidheachd àrd-iomhaigh agus a h-uile fios naidheachd co-cheangailte ri Gàidhlig air an sgaoileadh an dà chuid sa Ghàidhlig agus sa Bheurla.
Cleachdadh làithreach	Tha fiosan naidheachd mu thachartasan mòra air an cur a-mach gu tur dà-chànanach ann an roinn nan Eilean Siar.
Gnìomhan a tha a dhìth	Lean air adhart agus leudaich os cionn na cleachdaidh air feadh UHI a Tuath, an Iar is Innse Gall. Cuiridh sinn ri chèile liosta de luchd-labhairt na Gàidhlig airson agallamhan sa Ghàidhlig. Thèid trèanadh sna meadhanan a thoirt seachad.
Ceann-latha targaid	2025 agus air adhart
Uallach	Sgioba Margaidheachd & Conaltraidh Oifigear Gàidhlig

Buil a thathar ag iarraidh	Na Meadhanan Sòisealta Susbaint Gàidhlig air a sgaoileadh gu cunbhalach tro na meadhanan sòisealta. Tha a h-uile conaltradh meadhanan sòisealta co-cheangailte ris a' Ghàidhlig air a sgaoileadh an dàrna cuid gu dà-chànanach no sa Ghàidhlig a-mhàin.
Cleachdadh làithreach	Tha puist/tuitean sònraichte don Ghàidhlig air fhoillseachadh gu dà-chànanach. An-dràsta, chan eil comas ann postadh gu dà-chànanach air feadh nan seanan.
Gnìomhan a tha a dhìth	Feumaidh barrachd iarrtas airson eadar-theangachadh/lethbhreacan Gàidhlig àrdachadh ann an comas luchd-obrach. Thèid a' Ghàidhlig a thoirt a-steach bhon fhìor thoiseach ann an iomairtean meadhanan sòisealta agus didseatach a tha air an dealbhadh ro-làimh. Thèid susbaint bhidio sa Ghàidhlig a chruthachadh tro eadar-obrachadh brosnachtaiche le oileanaich a bhruidhneas a' Ghàidhlig mar thosgairan didseatach.
Ceann-latha targaid	2025 agus air adhart
Uallach	Sgioba Margaidheachd & Conaltraidh Oifigear Gàidhlig Sgioba Curraicealam na Gàidhlig

Buil a thathar ag iarraidh	Làrach-lìn Tha barrachd susbaint Gàidhlig air làrach-lìn na colaiste, le cuideam air na duilleagan leis a' chomas ruigsinneachd as àirde.
Cleachdadh làithreach	Tha fiosrachadh mu chùrsaichean Gàidhlig agus susbaint co-cheangailte ri Gàidhlig ri fhaighinn gu dà-chànanach.
Gnìomhan a tha a dhìth	Meudachadh ìomhaigh na Gàidhlig air làrach-lìn UHI a Tuath, an lar is Innse Gall le bhith a' comharrachadh fiosrachadh statach, leithid Fàilte a' Cheannaird, agus cuid de phrìomh sgrìobhainnean poileasaidh ro 2028. Bheir taba Gàidhlig air an duilleag-dhachaigh dà ìre de sheòladh gu Gàidhlig air cuid de dhuilleagan ro 2028. Thèid pannalan le teacs tòiseachaidh agus prìomh aithrisean corporra a thoirt seachad sa Ghàidhlig ro 2027. Bidh cinn-duilleige rim faighinn gu dà-chànanach ro 2027. Bidh slògan dà-chànanach air gach duilleag cùrsa ro 2027. Bidh fàilte a'cheannaird ri fhaighinn ann an cruth dà-chànanach ro 2025. Meudaichidh susbaint statach rè beatha a'Phlana.
Ceann-latha targaid	Mar a chaidh a mhìneachadh gu h-àrd.
Uallach	Sgioba Margaidheachd & Conaltraidh Oifigear Gàidhlig Sgioba Curraicealam na Gàidhlig

Buil a thathar ag iarraidh	Foillseachaidhean Corporra Air an ullachadh ann an Gàidhlig agus Beurla, le prìomhachas ga thoirt dhaibhsan aig a bheil an comas ruigsinneachd is buaidh as àirde.
Cleachdadh làithreach	Tha foillseachaidhean corporra co-cheangailte ri Gàidhlig air an dèanamh an-dràsta ann an dreachan dà-chànanach, no dreachan Gàidhlig is Beurla fa leth. Plana Ro-innleachdail & Gnìomhach UHI air ullachadh gu dà-chànanach a rèir gealltanas Plana Gàidhlig 2017-23.
Gnìomhan a tha a dhìth	Comharraich prìomh sgrìobhainnean airson an eadar-theangachadh. Bidh barrachd iarrtais airson eadar-theangachadh/lethbhreac Gàidhlig a' cur feum air àrdachadh ann an comas luchd-obrach.
Buil a thathar ag iarraidh	Foillseachaidhean Corporra Air an ullachadh ann an Gàidhlig agus Beurla, le prìomhachas ga thoirt dhaibhsan aig a bheil an comas ruigsinneachd is buaidh as àirde.
Cleachdadh làithreach	Tha foillseachaidhean corporra co-cheangailte ri Gàidhlig air an dèanamh an-dràsta ann an dreachan dà-chànanach, no dreachan Gàidhlig is Beurla fa leth. Plana Ro-innleachdail & Gnìomhach UHI air ullachadh gu dà-chànanach a rèir gealltanas Plana Gàidhlig 2017-23.

Buil a thathar ag iarraidh	Cànan Tha pròiseas ann an àite gus dèanamh cinnteach gu bheil càileachd agus ruigsinneachd na Gàidhlig àrd anns a h-uile fiosrachadh corporra.
Cleachdadh làithreach	Tha eadar-theangachadh agus dearbhadh air an toirt do bhuidhnean proifeasanta air an taobh a-muigh an-dràsta. Thathar a' cumail ri Gnàthasan Litreachaidh na Gàidhlig.
Gnìomhan a tha a dhìth	Stèidheachadh seirbheis eadar-theangachaidh air an taobh a-staigh.
Ceann-latha targaid	2028
Uallach	Stiùiriche Iomairt is Com-pàirteachadh Sgioba Curraicealam na Gàidhlig

Buil a thathar ag iarraidh	Taisbeanaidhean Bu chòir choimhead gu cunbhalach air cothroman gus taisbeanaidhean poblach a lìbhrigeadh gu dà-chànanach no sa Ghàidhlig, le prìomhachas ga thoirt dhaibhsan aig a bheil a' bhuidheas as motha.
Cleachdadh làithreach	Tha stuthan sanasachaidh coitcheann rim faighinn san dà chànan. Bidh luchd-obrach le Gàidhlig a' taisbeanadh tachartasan sònraichte. Gàidhlig.
Gnìomhan a tha a dhìth	Lean air adhart leis a' chleachdadh gu h-àrd agus comharraich cothroman gus a' Ghàidhlig a thoirt a-steach do thaisbeanaidhean is tachartasan bliadhnail nan oileanach.
Ceann-latha targaid	2025 agus air adhart
Uallach	Sgioba Margaidheachd & Conaltraidh Sgioba Curraicealam na Gàidhlig

Buil a thathar ag iarraidh	Sgrùdadh a-staigh Dèan sgrùdadh a-staigh air sgilean agus feumalachdan trèanaidh na Gàidhlig tro bheatha gach eagra den phlana.
Cleachdadh làithreach	Chaidh sgrùdadh a dhèanamh ro Phlana UHI OH GLP 2017-23. Ghabh luchd-obrach UHI a Tuath, an Iar is Innse Gall pàirt ann an sgrùdadh UHI ann an 2020.
Gnìomhan a tha a dhìth	Thèid sgrùdadh a-staigh UHI a Tuath, an Iar is Innse Gall a dhèanamh.
Ceann-latha targaid	2023 – air a choileanadh
Uallach	Sgioba Curraicealam na Gàidhlig

Buil a thathar ag iarraidh	Inntrigeadh Tha eòlas air Plana Gàidhlig na buidhne agus cothroman trèanaidh air an cur an sàs ann an inntrigidhean luchd-obrach ùra.
Cleachdadh làithreach	Tha fiosrachadh co-cheangailte ri cothroman ionnsachadh cànan air a chuirteachadh gu cunbhalach.
Gnìomhan a tha a dhìth	Dèan cinnteach gum faigh gach neach-obrach ùr agus buill a’ Bhùird trèanadh mu Mothachadh Gàidhlig taobh a-staigh 12 mìos bho chaidh an cur an dreuchd. Cruthaich trèanadh Fèin-mheasaidh Mothachadh Gàidhlig riathanach. Leasaich Pasgan Inntrigidh airson a h-uile neach-obrach ùr agus buill a’ Bhùird, a’ gabhail a-steach cothroman trèanaidh agus mothachadh air Plana Gàidhlig agus poileasaidh. Inntrigeadh Oileanach Bidh fiosrachadh inntrigidh a’ gabhail a-steach mothachadh air a’ Phlana Gàidhlig agus fiosrachadh mu chothroman ionnsachadh cànan. Coinnichidh an t- Oifigear Gàidhlig ri riochdairean HISA gach bliadhna gus beachdachadh air tachartasan Gàidhlig. Bidh riochdairean ionadail HISA a’ conaltradh ri Oifigear Gàidhlig HISA.
Ceann-latha targaid	Inntrigeadh: 2026-27 Trèanadh: leantainneach
Uallach	Sgioba HR Oifigear Leasachaidh Proifeiseantachd Seirbheisean Oileanach HISA

Buil a thathar ag iarraidh	Trèanadh cànan Trèanadh is leasachadh sgilean cànan Gàidhlig air a libhrigeadh do luchd-obrach.
Cleachdadh làithreach	Tha fiosrachadh co-cheangailte ri cothroman ionnsachadh cànan air a chuirteachadh gu cunbhalach agus air a thabhann do luchd-obrach gun chosgais.
Gnìomhan a tha a dhìth	Ath-sgrùdadh air a h-uile dreuchd agus riathanasan/miann sgilean cànan na Gàidhlig air a chomharrachadh. Tabhann trèanadh iomchaidh sa Ghàidhlig do luchd-obrach, a' gabhail a-steach comas agus suidheachadh. Bidh co-dhiù aon tachartas trèanaidh Gàidhlig anns gach prògram leasachaidh luchd-obrach. Gach bliadhna, gheibh co-dhiù aon bhall den luchd-obrach bho gach Roinn cothrom air trèanadh gus na sgilean cànan aca a leasachadh.
Ceann-latha targaid	2025 agus air adhart
Uallach	Sgioba HR Oifigear Leasachaidh Proifeiseantachd Ceannardan Roinne agus Manaidsearan Earrannan

Buil a thathar ag iarraidh	A' cleachdadh na Gàidhlig Tha luchd-obrach air am brosnachadh gus a' Ghàidhlig a chleachdadh nan cuid obrach.
Cleachdadh làithreach	Bidh taghadh de chothroman cànan air an tabhann do luchd-obrach gu cunbhalach. Bidh susbaint Gàidhlig gu cunbhalach ann an cuairt-litir an luchd-obrach.
Gnìomhan a tha a dhìth	Gheibh luchd-obrach taic gus buidheann còmhraidh Gàidhlig a stèidheachadh agus pàirt a ghabhail ann. Bidh fòram luchd-obrach air-loidhne, sgàilinn-taisbeanadh agus cuairt-litir ann a' gabhail a-steach susbaint Gàidhlig cunbhalach le briathrachas Gàidhlig feumail. Gheibh oileanaich taic gus buidheann còmhraidh Gàidhlig a stèidheachadh agus pàirt a ghabhail ann. Thèid siostam caraid-cànan a stèidheachadh.
Ceann-latha targaid	2025 agus air adhart
Uallach	Sgioba Curraicealam na Gàidhlig Oifigear Gàidhlig Sgioba Margaidheachd is Conaltraidh HISA

Buil a thathar ag iarraidh	Fastadh Tha sgilean cànan Gàidhlig air an aithneachadh agus urram air a thoirt dhaibh sa phròiseas fastaidh air feadh na buidhne.
Cleachdadh làithreach	A h-uile dreuchd air a chomharrachadh mar Ghàidhlig ion-mhiannaichte ach a-mhàin an fheadhainn far a bheil a' Ghàidhlig riatanach.
Gnìomhan a tha a dhìth	A h-uile dreuchd air a chomharrachadh mar Ghàidhlig ion-mhiannaichte ach a-mhàin an fheadhainn far a bheil a' Ghàidhlig riatanach. A h-uile dreuchd bàn ri shanasachadh le aithris dheimhinneach air a' Ghàidhlig. Comharraich riatanasan trèanaidh luchd-obrach gu sònraichte far a bheil a' Ghàidhlig ion-mhiannaichte. Comharraich dreuchdan a dh'fhaodar ath-ainmeachadh mar Ghàidhlig riatanach.
Ceann-latha targaid	2025 agus air adhart
Uallach	Sgioba Stiùireadh Gnìomha Sgioba HR

Buil a thathar ag iarraidh	Fastadh Thèid a h-uile dreuchd bàn a shònrachadh ann an aon de na trì dòighean a leanas: Gàidhlig riatanach Gàidhlig air leth ion-mhiannaichte (a' buntainn ri raointean prìomhachais a rèir a' Phlana) Gàidhlig miannaichte
Cleachdadh làithreach	Tha a' Ghàidhlig air a gabhail a-steach anns a h-uile agallamh far a bheil a' Ghàidhlig na nì riatanach airson na dreuchd. Tha seo a' gabhail a-steach measadh sgilean labhairt is litearrachd na Gàidhlig far a bheil sin iomchaidh.
Gnìomhan a tha a dhìth	Comharraich feumalachdan trèanaidh luchd-obrach, gu h-àraidh far a bheil a' Ghàidhlig air a chomharrachadh mar nì a tha ion-mhiannaichte. Comharraich dreuchdan a dh'fhaodar ath-ainmeachadh mar Ghàidhlig riatanach. Bidh ceist mu thrèanadh sa Ghàidhlig ann am pro-foirmean agallaimh agus foirmean tagraidh. Thèid trèanadh a thoirt do luchd-stiùiridh sa mheadhan is àrd-ìre gus dèanamh cinnteach gu bheilear a' toirt aire iomchaidh do sgilean Gàidhlig nuair a thathar a' fastadh thagraichean freagarrach leis an amas a' Ghàidhlig a thoirt a-steach don churraicealam. Feumaidh foirmean Cead Fastaidh ceist mu shlatan-tomhais na Gàidhlig a ghabhail a-steach.
Ceann-latha targaid	2025 agus air adhart
Uallach	Sgioba Stiùireadh Gnìomha Sgioba HR Ceannardan Roinne agus Manaidsearan Earrannan Oifigear Gàidhlig

Buil a thathar ag iarraidh	Fastadh Sanasan-obrach dà-chànanach no Gàidhlig a-mhàin airson gach dreuchd far a bheil a' Ghàidhlig na sgil riatanach no fìor ion-mhiannaichte.
Cleachdadh làithreach	Bidh na sanasan obrach airson gach dreuchd far a bheil a' Ghàidhlig riatanach no àrd-mhiannaichte air am foillseachadh gu dà-chànanach no sa Ghàidhlig a-mhàin. Tha a' Ghàidhlig air a gabhail a-steach anns a h-uile agallamh far a bheil a' Ghàidhlig na sgil riatanach airson na dreuchd. Tha seo a' gabhail a-steach measadh air sgilean labhairt is litearrachd na Gàidhlig far a bheil sin iomchaidh.
Gnìomhan a tha a dhìth	Lean air adhart leis a' chleachdadh làithreach
Ceann-latha targaid	Leantainneach
Uallach	Sgioba Stiùireadh Gnìomha Sgioba HR Ceannardan Roinne agus Manaidsearan Earrannan Oifigear Gàidhlig

CORPUS NA GÀIDHLIG

Buil a thathar ag iarraidh	Gnàthasan Litreachaidh na Gàidhlig Thèid na Gnàthasan Litreachaidh na Gàidhlig as ùire a leantainn a thaobh a h-uile stuth sgrìobhte a thèid fhoillseachadh leis an ùghdarras phoblach.
Cleachdadh làithreach	Tha UHI a Tuath, an Iar is Innse Gall a' gealltainn cumail ri Gnàthasan-litreachaidh na Gàidhlig agus litreachadh cunbhalach a chur an sàs air feadh a h-uile soidhne is sgrìobhainn.
Gnìomhan a tha a dhìth	Lean air adhart leis a' chleachdadh làithreach.
Ceann-latha targaid	Leantainneach
Uallach	Sgioba Margaidheachd & Conaltraidh Oifigear Gàidhlig

3. CEANGLAICHEAN RIS AN FHRÈAM-OBACH COILEANADH NÀISEANTA

Tha UHI a Tuath, an Iar is Innse Gall ag aithneachadh gu bheil a' Ghàidhlig bunaiteach don fheallsanachd aige agus don roinn a tha e a' frithealadh, tha e cuideachd ag aithneachadh gur e cànan nàiseanta na h-Alba a th' anns a' Ghàidhlig agus mar phrìomh chrann de dhualchas bheairteach, dearbh-aithne nàiseanta agus beatha chultarail na dùthcha againn.

Tha UHI a Tuath, an Iar is Innse Gall ag amas air taic a thoirt do ro-innleachdan, planaichean agus iomairtean nàiseanta a tha ag amas air suidheachadh na Gàidhlig a neartachadh mar chànan nàiseanta, agus le bhith a' dèanamh sin, gus coimhearsnachdan nas in-ghabhalaiche, nas eadar-mheasgte agus nas soirbheachaile a thogail. Mar sin tha UHI a Tuath, an Iar is Innse Gall a' toirt taic do Fhrèam-obrach Coileanadh Nàiseanta (NPF) Riaghaltas na h-Alba. Gu sònraichte, tha am Plana Gàidhlig seo an dùil cuideachadh le bhith a' cur air adhart prìomhachasan a leanas den NPF:

- ✦ Bidh daoine a' fuireach ann an coimhearsnachdan a tha in-ghabhalaiche, cumhachdach, seasmach agus sàbhailte.
- ✦ Bidh daoine cruthachail agus tha na cultaran beòthail agus eadar-mheasgte aca air an cur an cèill agus a' còrdadh riutha gu farsaing.
- ✦ Bidh daoine air an deagh fhoghlam, sgileil agus comasach air cur ris a' chomann-shòisealta.
- ✦ Bidh daoine a' cur luach air, a' faighinn tlachd às, a' dìon agus a' leasachadh an àrainneachd.
- ✦ Tha gnothachasan soirbheachail agus ùr-ghnàthach aig daoine, le obraichean càileachdail agus obair chothromach airson a h-uile neach.

Gheibhear làn fhiosrachadh mun Fhrèam-obrach Coileanadh Nàiseanta aig

<https://nationalperformance.gov.scot/>

4. CEANGLAICHEAN RI FRÈAMAN-OBACH IONADAIL AGUS ROINNEIL

Tha UHI a Tuath, an Iar is Innse Gall dealasach a thaobh cruthachadh nan suidheachaidhean far am faodar taic a thoirt do chleachdadh is ionnsachadh na Gàidhlig agus an leudachadh airson sunnd is buannachd eaconamach nan coimhearsnachdan a tha i a' frithealadh.

Mar sin, bidh a' cholaiste ag obair còmhla ri Com-pàirtichean Dealbhaidh Coimhearsnachd air feadh na roinne gus am Plana Cànan a lìbhrigeadh. Gheibhear cothrom air Cùis Aonaidh is Gnìomhachais UHI a Tuath, an Iar is Innse Gall aig <https://www.rural-islands-merger.uhi.ac.uk/t4-media/one-web/rural-islands-merger/RICM-Merger-Proposal-and-Business-Case-Nov-2022-FINAL-SUBMISSION.pdf>

Tha an sgrìobhainn seo a' mìneachadh nam prìomh chuspairean agus nan geallaidhean airson na cholaiste ùir. Is e aon de na geallaidhean sin Plana Gàidhlig a leasachadh agus a lìbhrigeadh.

Bidh an dreach seo den Phlana Gàidhlig ag àrdachadh cleachdadh is ìomhaigh na Gàidhlig air feadh na roinne air fad a tha a' cholaiste a' frithealadh.

Mar a chaidh a ràdh ann am Plana Nàiseanta Eileanan na h-Alba; tha tasgadh anns a' Ghàidhlig a' gintinn dòchas. Bidh e a' cruthachadh faireachdainn de fhèin agus de choimhearsnachd agus faodaidh e cur gu mòr ri bhith a' stiùireadh gnìomhachd eaconamach. Tha e cuideachd a' tabhann chothroman mòra airson fàs eaconamach san àm ri teachd. Tha am Plana cuideachd a' cur cuideam air a' cheangal simbiotaic eadar a' Ghàidhlig agus a' choimhearsnachd, i.e. ged a tha a' Ghàidhlig cudromach don choimhearsnachd, tha coimhearsnachd soirbheachail cudromach cuideachd airson a' Ghàidhlig a chumail beò. Mar sin, tha UHI a Tuath, an Iar is Innse Gall a' toirt taic do mholaidhean a tha air am mìneachadh ann an aithisg buidheann-obrach goirid a chaidh fhoillseachadh o chionn ghoirid airson Rùnaire a' Chaibineit airson Ionmhas is Eaconamaidh air Cothroman Eaconamach is Sòisealta airson na Gàidhlig. Bheir an tionndadh seo de Phlana Gàidhlig na Colaiste mion-fhiosrachadh air mar a bhios UHI a Tuath, an Iar is Innse Gall ag obair le buidhnean agus com-pàirtichean eile gus àite na Gàidhlig a neartachadh mar so-mhàoin chultarail, eaconamach agus shòisealta taobh a-staigh ar coimhearsnachdan.

5. FOILLSEACHADH

FOILLSEACHADH AGUS FOLLAISEACHADH A' PHLANA

A-STAIGH

Thèid fiosrachadh a thoirt do luchd-obrach, oileanaich agus luchd-ùidh a-staigh mun phlana ùr agus mar a gheibh iad cothrom air a dhèanamh ri fhaighinn tro:

- + brath-naidheachd fhoillseachadh ag ainmeachadh a' phlana.
- + lethbhric den phlana a dhèanamh ri fhaighinn anns na leabharlannan againn, oifisean comann nan oileanach agus na h-àiteachan fàilte againn.
- + am plana a dhèanamh aithnichte do luchd-obrach tro àite meadhanaichte UHI a Tuath, an Iar is Innse Gall agus cuairt-litir an luchd-obrach.
- + am plana a dhèanamh aithnichte do dh'oileanaich tro na sgrionaichean fiosrachaidh, bùird fiosrachaidh agus an eadar-lìon (làrach-lìn na Colaiste agus duilleag Facebook).

A-MUIGH

Thèid Plana Gàidhlig UHI a Tuath, an Iar is Innse Gall fhoillseachadh sa Ghàidhlig agus sa Bheurla air an làrach-lìn againn. A bharrachd air an sin, thèid:

- + brath-naidheachd dà-chànanach fhoillseachadh ag ainmeachadh aonta agus foillseachadh a' phlana.
- + puist dà-chànanach air na meadhanan sòisealta fhoillseachadh air grunn àrd-ùrlaran.
- + agallamhan meadhanan a thabhann sa Ghàidhlig agus sa Bheurla, mar a bhios iomchaidh.

A rèir deagh chleachdadh, cha sgaoil sinn lethbhric chruaidh den phlana, ach broснаichidh sinn luchd-ùidh ga fhaicinn air-loidhne. Ach, freagraidh sinn gu deimhinneach ri iarrtasan sònraichte airson lethbhric chruaidh den phlana a thoirt seachad.

6. A' GOIREASACHADH A' PHLANA

Tha na geallaidhean againn air an dèanamh ann an àrainneachd ionmhais dùbhlanaich do Cholaistean is Oilthighean. Dh'innis Sgrùdadh Alba o chionn ghoirid gun robh lùghdachadh de 17% ann am maoineachadh don roinn cholaistean, bhon bhliadhna acadaimigeach 2021-2022. Tha seo a' ciallachadh gum feum an roinn co-dhùnaidhean dùbhlanaich a dhèanamh rè 2024/25 agus anns na bliadhnaichean ri teachd, thar beatha a' phlana seo.

An-dràsta, tha maoineachadh creideis cuibhrichte SFC, agus taic ionmhais nas lugha bho bhuidhnean eile, ag adhbhrachadh gu bheil iarrtas gun choileanadh ann an UHI Tuath, Iar agus Innse Gall airson Teisteanasan Nàiseanta ann an Gàidhlig. Tha e eu-coltach gun tig piseach air an t-suidheachadh ionmhais seo air feadh na roinne taobh a-staigh beatha a' phlana seo.

Nì sinn ar dìcheall gus dèanamh cinnteach gu bheil maoineachadh iomchaidh ann fad beatha a' phlana. A rèir riarachadh maoineachaidh san àm ri teachd, is dòcha gum feum sinn ar geallaidhean ath-sgrùdadh anns na bliadhnaichean ri teachd gus a bhith iomchaidh don mhaoineachadh a tha ri fhaighinn.

Tha sinn air gealladh a dhèanamh dreuchd Oifigear Gàidhlig 1FTE a mhaoineachadh gus taic a thoirt do riaghladh, sgrùdadh agus libhrigeadh a' phlana seo. Tha na geallaidhean sa Phlana Gàidhlig againn 2025-2030 air an dèanamh taobh a-staigh a' cho-theacsa ionmhais dùbhланаich seo.

7. A' SGRÙDADH A' PHLANA

Nì UHI a Tuath, an Iar is Innse Gall sgrùdadh buileachadh a' Phlana Gàidhlig mar a leanas.

Air an taobh a-staigh

Thèid Buidheann Buileachaidh Plana na Gàidhlig a stèidheachadh, le seirbheis bho neach-obrach ainmichte gus dèanamh cinnteach gu bheilear a' cumail ris a' Phlana;

Bidh manaidsearan le uallach airson pàirt sam bith de bhuileachadh a' phlana ag aithris don Bhuidheann Buileachaidh agus an uair sin don Sgioba Stiùiridh Gnìomha aig amannan aontaichte sa bhliadhna, ag innse mu adhartas an sgioba aca a dh'ionnsaigh thargaidean.

Bheir Prionnsapal na Colaiste cunntas air adhartas don Bhòrd Stiùiridh; faodaidh am Bòrd molaidhean no atharrachaidhean a dhèanamh an uair sin, a thèid a thoirt air ais don luchd-obrach san dòigh àbhaisteach.

Foillsichidh Bòrd Stiùiridh UHI a Tuath, an Iar is Innse Gall mion-fhiosrachadh mu adhartas a' Phlana Gàidhlig anns an Aithisg Bhliadhnail aige.

Air an taobh a-muigh

Cuiridh UHI a Tuath, an Iar is Innse Gall aithisgean sgrùdaidh bliadhnail gu Bòrd na Gàidhlig air adhartas a' phlana agus aithisgean a bharrachd a tha a dhìth mar chumha airson maoineachadh GLP sam bith a gheibhear.

8. PLANA NA GÀIDHLIG SAN ÙGH DARRAS PHOBLACH

Uallach iomlan airson a' phlana

Thathar a' moladh gum bi am plana ag ràdh gu soilleir cò aig a bheil uallach iomlan airson a' phlana. Leis gum bi buaidh aig a' phlana air feadh na buidhne air fad, thathas a' comhairleachadh gum bi uallach iomlan airson a' phlana aig an oifigear cunntachail no dreuchd eile taobh a-staigh an structar àrd-stiùiridh as urrainn dèanamh cinnteach gun tèid am plana a chur an gnìomh gu corporra. Tha an teacs a leanas air a mholadh:-

Tha uallach iomlan aig a' Cheannard airson ullachadh, lìbhrigeadh agus sgrùdadh Plana Gàidhlig UHI a Tuath, an Iar is Innse Gall. Faodar fios a chur thuca mar a leanas: -

Lydia Rohmer
Prionnsapal agus Àrd-Oifigear
UHI a Tuath, an Iar is Innse Gall
01397 874 000 | 07557 544405
lydia.rohmer@uhi.ac.uk

Uallach Làitheil airson a' Phlana

Tha uallach làitheil air an Oifigear Gàidhlig airson lìbhrigeadh agus sgrùdadh Plana Gàidhlig UHI a Tuath, an Iar is Innse Gall. Bu chòir ceistean a thaobh obrachadh làitheil a' phlana a chur gu:

Jayne Nicleòid
Oifigear Gàidhlig
UHI a Tuath, an Iar is Innse Gall
Rathad Ormìle
Inbhir Theòrsa
KW14 7EE
01397 874 001

Buidheann Buileachaidh agus Sgrùdadh a' Phlana Gàidhlig

Is e raon-ùghdarrais na buidhne-obrach dèanamh cinnteach gu bheilear a' cumail làn-ghèilleadh ri geallaidhean a' Phlana fad beatha a' phlana. Bidh am buidheann seo cuideachd a' biathadh a-steach gu Buidheann Cuir an Gnìomh Plana Gàidhlig UHI a Tuath, an Iar is Innse Gall. Bidh an neach a tha air ainmeachadh mar neach le uallach làitheil airson a' phlana na chathraiche air coinneamhan na buidhne air fad.

Bidh na gnìomhan corporra a leanas air an riochdachadh:

- + Àrd-luchd-stiùiridh
- + HR
- + Seirbheisean Oileanach
- + HISA (Comann Oileanaich na Gàidhealtachd 's nan Eilean)
- + Luchd-rianachd
- + Clàraidhean Oileanach
- + Curraicealam
- + Ionmhas
- + Ionnsachadh agus Stòras
- + Margaidheachd is Conaltradh
- + Oighreachdan

Coinnichidh a' bhuidheann gach sia seachdainean.

A' com-pàirteachadh le luchd-obrach

Chaidh co-chomhairle a chumail ris an luchd-obrach nuair a bha am Plana seo ga ullachadh, agus tha raointean dleastanais soilleir air an sònrachadh don luchd-obrach iomchaidh. Bidh cothrom aig a h-uile neach-obrach cur ris a' Phlana fhad 's a tha e ga chur air adhart agus thèid brosnachadh a thoirt dhaibh gus ath-sgrùdadh a dhèanamh air mar as urrainn dhaibh luach a chur ri lìbhrigeadh a' Phlana, ma ghabhas e dèanamh.

Buidhnean aig astar agus treas phàrtaidhean

Far a bheil a' Cholaiste a' cur a mach obair leithid sanasachd no dealbhadh, nì sinn cinnteach gum faigh solaraichean seirbheis stiùireadh air mar as urrainn dhaibh cumail ris na geallaidhean a tha sa phlana. Feumaidh Sgioba Margaidheachd is Conaltraidh a' Cholaiste aontachadh ri stuth sanasachd agus nì iad cinnteach gu bheil stuth sam bith a chruthaichear às leth UHI a Tuath, an Iar is Innse Gall a' cumail gu h-iomlan ris na prionnsabalan a tha sa Phlana.



UHI | **NORTH, WEST AND HEBRIDES**
A TUATH, AN IAR IS INNSE GALL

www.nwh.uhi.ac.uk



UHI North, West and Hebrides is a trading name of The Board of Management of UHI North, West and Hebrides which is a registered charity, number SC021215.

'S e UHI a Tuath, an Iar is Innse Gall an t-ainm malairt a th' air Bòrd Stiùiridh UHI a Tuath, an Iar is Innse Gall a tha na charthannas clàraichte, àireamh SC021215.